




Baraidh Bèicear Mòr


agus am parsail



Gill agus Paul Hamlyn • Philippe Dupasquier

SANDBANK PR
SANDBANK

Baraidh Bèicear Mòr agus am parsail



An teacsá Gill agus Paul Hamlyn
Na dealbhan Philippe Dupasquier
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Caibeideil 1

Bha Baraidh Bèicear Mòr agus a thriùir charaidean, Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh air an rathad dhan sgoil. Nuair a ràinig iad ceann an rathaid thug iad sùil air ais agus chunnaic iad bhan dhearg na stad aig taigh Bharaidh Bèicear Mòr.

Thàinig am post a-mach.

Bha parsail mòr aige na làimh.



“Seall, a Bharaidh. Tha e a’ dol chun an taighe agad,” thuirt iad.

Chunnaic iad am post a’ toirt a’ pharsail dha màthair Bharaidh.


“Saoil dè th’ ann,” dh’fhaighnich Iòsaidh.

“Tugainnibh gus am faic sinn,”
arsa Baraidh.

Ruith an ceathrar charaidean air ais gu taigh
Bharaidh.

Rinn màthair Bharaidh gàire agus thuirt i,
“S e parsail o Sheanair a th’ ann.”

Choimhead Baraidh air a’ pharsail agus
dh’èigh e, “S ann dhòmhса tha e.”




“Am faod mi fhosgladh an-dràsta?”
dh’fhaighnich Baraidh.
“Chan fhaod,” thuirt a mhàthair.
“Bidh tu fadalach airson na sgoile.
Fosglaidh tu a-nochd e.”
Cha robh Baraidh idir toilichte.
Bha e airson am parsail fhosgladh sa
mhionaid ach rinn e mar a dh’iarr a
mhàthair air agus thug e dhi am parsail.

Dh'fhalbh an ceathrar charaidean dhan
sgoil a-rithist, ach cha do sguir iad a
bhruidhinn mun pharsail.

"Tha am parsail uabhasach fada," arsa
Baraidh.

"Saoil dè th' ann?"



"Tha mise a' smaoineachach gur e
bata-shuiteas a th' ann," ars Iòsaidh.

"S dòcha gur e teileasgop a th' ann,"
ars Ealasaid.

"S dòcha gur e banana a th' ann," arsa
Ruairidh. Bha iad uile a' gàireachdainn.

Fad an latha bha Baraidh Mòr agus a charaidean a' bruidhinn mun pharsail. Bha iad a' bruidhinn mu dheidhinn sa chlasrum, bha iad a' bruidhinn mu dheidhinn aig àm cluiche agus bha iad a' bruidhinn mu dheidhinn aig àm dinneireach. Mu dheireadh thàinig àm dol dhachaigh.

“Greasainb oirbh,” thuirt Baraidh.

“Tugainnibh gus am faic sinn dè tha sa pharsail.” Ruith iad uile cho luath ri coineanaich gu taigh Bharaidh.




“A Mhamaidh, càit a bheil am parsail a chuir Seanair thugam?” thuirt Baraidh agus e a' ruith a-steach an doras.

“Sin agad e,” thuirt i le gàire.

Bha na caraidean uile a' coimhead fhad 's a bha Baraidh a' fosgladh a' pharsail fhada.

Cha mhòr nach do leum a shùilean às a cheann nuair a chunnaic e bat-criogaid le cas dhubh agus bàlla dearg.


“Sgoinneil!” thuirt Baraidh.



Caibideil 2

An ath latha thug Baraidh am bat-criogaid agus am bàlla dhan sgoil.
“Cluichidh sinn criogaid,” dh’èigh Baraidh.

“Coimhead orm a’ bualadh a’ bhàlla.”
Thug e am bàlla dha Ealasaid.
“Faodaidh tusa bòbhladh.”





Bha fios aig Ealasaid dè bha aice ri dhèanamh oir bha i air criogaid fhaicinn air an telebhisean. Choisich i air falbh bho Bharaidh.

Stad i agus thionndaidh i. An uair sin ruith i tarsainn an raon-cluiche agus shad i am bàlla thuige.

Ach cha do bhual
Baraidh am bàlla.



Mar sin bhòbhl
Ealasaid am
bàlla a-rithist,
na bu shlaodaiche.



Cha do bhual Baraidh
am bàlla an turas sin
na bu mhotha.



Thòisich a' chlann a' gàireachdainn.
“Chan urrainn dha Baraidh Mòr am bàlla
a bhualadh,” dh'èigh iad uile.
Bha Baraidh fiadhaich. “Cha toil leam
criogaid,” ars esan.
“Chan eil mi airson cluich.”
“Chan urrainn dhut a bhith math air
a h-uile rud a' chiad turas,” thuirt Ealasaid.
“Feumaidh tu cumail ort a' feuchainn.”
“Tha sin ceart,” arsa Ruairidh. “Thèid sinn
uile dhan phàirc às dèidh na sgoile agus
feuchaidh sinn air a-rithist.”

Caibideil 3

Às dèidh na sgoile chaidh an ceathrar
charaidean dhan phàirc. Dh'fheuch
Baraidh Mòr ri batadh, ach cha b' urrainn
dha am bàlla a bhualadh.

“Nach fheuch thu air bòbhladh,” arsa
Iòsaidh.

“Bataidh mise a-nis.”






Mar sin dh'fheuch Baraidh air bòbhladh.
Bhòbhl e am bàlla cho luath is nach
fhaca Iòsaidh e.

Dh'fheuch Baraidh turas eile.
Cha do bhual Iòsaidh am bàlla an turas
ud na bu mhotha.
Bha Baraidh math air bòbhladh.





Às dèidh sin 's e cothrom Ealasaid a bha ann airson batadh agus an cothrom aig Ruairidh airson bòbhladh.

Bhuail Ealasaid am bàlla dhan adhar.


“Glac e!” dh’èigh Ruairidh.

Leum Baraidh airson am bàlla a ghlacadh.
“Mach!” dh’èigh e agus dh’fhosgail e a làmhan gus am faiceadh iad uile am bàlla. Bha Baraidh math air glacadh cuideachd!

Caibideil 4

An ath latha thug Baraidh am bat agus am bàlla dhan sgoil a-rithist.

“Cò tha airson criogaid a chluich?” dh’èigh e. Bha a’ chlann uile airson cluich agus thòisich iad air dà sgioba a thaghadh.





“Chan eil sinne ag iarraidh Baraidh Mòr
air an taobh aginne,” thuirt a’ chlann eile.

“Chan fhiach e air criogaid.”

Choimhead na caraidean air a chèile agus
rinn iad gàire.

“Tugainn còmhla ruinne, a Bharaidh,” thuirt
iad.

“Tha sinne gad iarraidh san sgioba againn.”



Thòisich a’ chlann a’ cluich.

’S e Baraidh Mòr a’ chiad duine bha
a’ batadh.

Dh’fheuch agus dh’fheuch e ach
cha b’ urrainn dha am bàlla a bhualadh.
Bha a’ chlann eile uile a’ gàireachdainn.

Cha b' fhada gus an robh an t-àm ann airson
Baraidh a bhith bòbhladh. Gach turas bha e
a' bòbhladh cho luath agus nach b' urrainn
dhan chloinn am bàlla a bhualadh.
'S e aon ghille a bhualil am bàlla.
Leum Baraidh Mòr suas.
Ghlac e am bàlla.
"Mach!" dh'èigh e.



“Ghlèidh sinn! Ghlèidh sinn!” dh’èigh
na caraidean uile.

“Agus taing mhòr dha Baraidh Bèicear Mòr!”
Rinn Baraidh gàire.

Thug e sùil sìos air a’ bhat-criogaid agus air
a’ bhàlla.

“Tapadh leibh, a Sheanair,” thuirt e.

“S dòcha gun tig sibh latha air choreigin
is gu seall sibh dhomh mar a bhatas mi.

An uair sin bidh mi nam
chluicheadair-criogaid math.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Holley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earann de Phoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Gill agus Paul Hamlyn 1997

A’ chìad fhoillseachadh 1997
A’ chìad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Gill agus Paul Hamlyn a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air an comharrachadh
mar ùghdaran na h-obrach seo.

Clò-bhualte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 674 0